

## **Tha na builean agus na h-eòlasan a leanas air an coileanadh san aonad *Cridhe Dorch an t-samhraidh***

Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh:

- adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh is innse le cinnt is brìgh nam prìomh aithrisean a thuigsinn
- aithneachadh is bruidhinn air mar tha seòrsaichean teacsa coltach is aocoltach
- am fiosrachadh a chur gu diofar sheòrsa feum.

**LIT 3-04a**

Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson smaoinachadh a thoirt air adhart agus airson mo chuideachadh le fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, cùisean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh.

**LIT 3-05a / LIT 4-05a**

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt beachd, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada.

**LIT 3-07a**

Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sìor fhàs.

**GAI 2-12a / GAI 3-12a / GAI 4-12a**

'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson mo smaoinachadh a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.

**LIT 3-15a / LIT 4-15a**

Airson mo thuigse a shealltainn, 's urrainn dhomh beachd a thoirt, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada, agus dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri seòrsaichean eile de dhlùth-leughadh.

**GAI 3-17a**

Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean agus tha mi a' toirt air adhart na stoidhle agam fhìn. 'S urrainn dhomh gu cunbhalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh a fhreagras air feuman mo luchd-amais.

**LIT 3-20a / LIT 4-20a**

'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.

**GAI 3-27a / GAI 4-27a**

An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh a rannsachadh, 's urrainn dhomh teacsaichean a chruthachadh ann an diofar genres:

- a' fighe a-steach gu snasail gnàthasan an genre a thagh mi agus/no
- a' cleachdadh structaran cinnteach agus iomchaidh agus/no
- a' cruthachadh caractaran inntinneach is creidsinneach agus/no
- a' cruthachadh shuidheachaidhean creidsinneach a thig beò.

**GAI 3-31a**